




Laoich Spòrs Ghàidhealach



CLÀR-INNSE

1. **Andy Gray**
2. **Seonaidh MacCoinnich**
3. **Beth NicLeòid/Alison NicDhòmhnaill**
4. **Cailean Caimbeul**
5. **Calum Fearghasdan**
6. **Calum MacLeòid**
7. **Iain Mac Ille na Brataich**
8. **Iain Collins**
9. **Kerry agus Ciorstaidh Nic-a-Phì**
10. **Rionnagan Òga: Lewis Morgan/Mata Wright/D A Moireasdan**
11. **Rionnagan Òga: Kara Hanlon/Heather NicFhionghain**
12. **Murchadh MacLeòid**
13. **Ronaidh agus Donaidh MacFhionghain**
14. **Tormod MacLeòid Hall**
15. **Ragnall Ros**

Rugadh agus thogadh an cluicheadair ball-coise, Andy Gray, ann an Glaschu. Ach b' ann bhon a' Bhac ann an Leòdhas a bha a mhàthair. Gu dearbh, chluich Andy airson sgioba ball-coise a' Bhac nuair a bha e na bhalach òg. Bha e mar phàirt dhen sgioba a ghlèidh Liog Leòdhais agus na Hearadh ann an 1972. Bha e cuideachd anns an sgioba a thog Cupa Eilean an Fhraoich ann an 1972.

Bliadhna às dèidh sin, thòisich e air ainm a dheànamh dha fhèin aig Dundee United. Eadar 1973 agus 1975, chuir Andy ceathrad 's a sia tadhail airson United. Bha clubaichean mòra ann an Sasainn a-nis a' cumail sùil air. Cha robh e ach naoi bliadhn' deug nuair a ghluais e gu Aston Villa.

San dara seusan aige aig Villa Park, chuir e fichead ' sa còig tadhail. Choisinn sin duais na Bròig Òir dha. An ath sheusan a-rithist, rinn Andy nas fheàrr buileach. Chuir e fichead 's a naoi tadhail airson Villa. Choisinn sin dà dhuais eile dha - cluicheadair òg na bliadhna agus cluicheadair na bliadhna. Chan eil ach dithis air an dà dhuais a thogail san aon t-seusan bhon uair sin - Cristiano Ronaldo agus Gareth Bale.

Ann an 1979, ghluais Andy gu Wolverhampton Wanderers airson millean gu leth not. B' e sin an t-sùm airgid a bu mhotha a chaidh a phàigheadh air cluicheadair ann an Sasainn aig an àm. Abair dà latha! Chuir Andy an tadhal a ghlèidh Cupa an Liog do Wolves ann an 1980. Ghluais e an uair sin gu Everton far an do thog e Cupa an FA ceithir bliadhna às dèidh sin.

Bha an ath sheusan air leth soirbheachail do dh'Everton. Chan e a-mhàin gun do ghlèidh iad tiotal a' Phrìomh Liog, ach bhuannaich iad cuideachd Cupa nan *Cup Winners* aig UEFA. Ghlèidh Everton 3-1 an aghaidh Rapid Vienna ann an Rotterdam le Andy a' faighinn fear dhe na tadhail.

An ath sheusan, thàinig Gary Lineker gu Everton agus ghluais Andy air ais gu Aston Villa. Cha deach cho math leis an dara turas aig Villa Park agus thuit iad a-mach às a' Phrìomh Liog. Bha e bliadhna cuideachd aig West Bromwich Albion.

An uair sin, ann an 1988, thill e a dh'Alba gu Rangers. B' e seo an sgioba a bha Andy air a bhith a' leantail bho bha e na bhalach beag. Chuidich e iad gus tiotal a' Phrìomh Liog a ghleidheadh air an t-seusan sin. Chluich Andy cuideachd fichead turas do dh'Alba agus chuir e seachd tadhail ann an lèine ghorm na h-Alba.

ANDY GRAY

CAIBIDEIL



1. Dè an ceangal a th' aig Andy Gray ri Eilean Leòdhais?
2. Nad bheachd-sa, saoil dè tha ann an "Duais na Bròig Òir"? Minich do fhreagairt.
3. Dè bha sònraichte mun t-sùim airgid a phàigh Wolverhampton air Andy?
4. Dè tha a' sealltainn nach robh Andy cho soirbheachail nuair a thill e a dh'Aston Villa?
5. Carson a bha e iomchaidh gun do chluich Andy do Rangers aig deireadh a chuairt-obrach mar chluicheadair ball-coise?



Bha Andy anns an sgioba a bhuannaich 'Cupa Eilean an Fhraoich' ann an 1972.

Faigh a-mach nas urrainn dhut mun àite a th'aig ball-coise ann an Leòdhas (Eilean an Fhraoich) an-diugh. Faodaidh tu na puingeann seo a chleachdadh airson do chuideachadh:

- A bheil liog ball-coise ann an Leòdhas an-diugh?
- Cia mheud sgioba a th' innte?
- Ainmean nan sgiobaidhean.
- Prìomh sgioba/chluicheadair.
- Cluicheadairean ainmeil eile (leithid Andy Gray) aig a bheil ceangal ri Leòdhas.
- Spòrs eile a tha cudromach air an eilean.

'S e cluicheadair ball-coise ainmeil a bh' ann an Seonaidh Èairdsidh MacCoinnich. Rugadh e ann an Glaschu ann an 1925 is thogadh e ann an eilean Thiriodh. B' ann à Tiriodh a bha a mhàthair agus bha athair às an Eilean Sgitheanach. B' e a' Ghàidhlig cànan na dachaigh agus bha Seonaidh fileanta sa chànan bho aois òg.

Chaidh an teaghlach air ais a dh'fhuireach a Thiriodh an uair a bha Seonaidh trì bliadhna a dh'aois. Ach thill iad a Ghlaschu a chionn 's gun robh trioblaid aig Seonaidh le anail agus bha an t-side fhliuch ann an Tiriodh ga dheanamh nas miosa.

Leis an Dara Cogadh a' tighinn, ghluais an teaghlach air ais a Thiriodh nuair a bha Seonaidh ceithir bliadhna' deug oir bha iad a' faireachdain gum biodh iad na bu shàbhailte an sin. Bha mòran luchd-airm air an eilean aig àm a' chogaidh agus bhiodh Seonaidh a' cluiche ball-coise nan aghaidh. Chitheadh tu gur e deagh chluicheadair a bh' ann.

An uair a thill e a Ghlaschu, bha e ag obair aig companaidh einnseiniridh an uair a chunnaic Partick Thistle e. Chuir e ainm ri cùmhnant ann an 1944, agus san aon sheachdain, chaidh a ghairm airson a dhol dhan chogadh. Às dèidh a' chogaidh, chluicheadh Seonaidh faisg air 400 gèam dha na Jags, agus chuir e 53 tadhail dhaibh. B' e am Firhill Flyer am far-ainm a bh' air a chionn 's gun robh e cho luath is cho sgileil air cliathaich na pàirce. Chluich e cuideachd do Bournemouth, Fulham, Dùn Bhreatann agus Derry City.

Chaidh a thaghadh airson cluiche do dh'Alba ann an Cupa na Cruinne san Eilbheis ann an 1954. Mar sin, 's e an aon duine le Gàidhlig a chluich san fharpais ball-coise as motha air an t-saoghal. Ach chaill Alba an dà ghèam, 1-0 ris an Ostair agus 7-0 an aghaidh Uruguaidh! Cha robh e na chuideachadh gun robh lèintean mòra clò orra. San teas, thuir Seonaidh, gun do chaill e leth-chlach de chuideam!

San aon bhliadhna, chluich Alba sgioba ainmeil na h-Ungaire aig Hampden. A-rithist, chaill iad 4-2, ach thuir Ferenc Puskás, fear dhe na cluicheadairean a b' fheàrr air an t-saoghal aig an àm, nach robh e riamh air cluiche an aghaidh fear cho math ri Seonaidh MacCoinnich. Abair urram!

SEONaidh MACCOINNICH

CAIBIDEIL

2



1. Dè thug air teaghlach Sheonaidh gluasad air ais a Ghlaschu à Tiriodh?
2. Thill an teaghlach a Thiriodh airson sàbhailteachd san Dara Cogadh. Cò ris a bha Seonaidh an aghaidh an sin agus a bha a' sealltainn a chomais air ball-coise aig an aom àm?
3. Dè am far-ainm a thug iad air Seonaidh aig Partick Thistle agus carson ?
4. Càit an robh e a' cluich air a' phàirce?
5. A thaobh eachdraidh nan Gàidheal, dè tha sònraichte mu Sheonaidh?
6. Dè chuir bacadh air na h-Albannaich all an Cupa na Cruinne agus dè an fhianais a th' againn air an seo?



Sgrìobh sgeulachd ghoirid mu chuideigin a th' air tilleadh dhan àite dham buin iad às dèidh soirbheachadh; mòr thall thairis no air tìr-mòr.

'S dòcha gun brosnach cuid de na puingean seo do sgrìobhadh...

- Dè rinn iad a bha cho soirbheachail?
- Ciamar a tha iad a' faireachdainn?
- A bheil iad iriosal/moiteil/bragail/modhail?
- Ciamar a tha daoine a' dèiligeadh riutha a-nis?
- A bheil iad air atharrachadh ann an dòigh sam bith? A bheil an dà latha air tighinn orra?
- Dè tha iad a' cur romhpa a-nis?
- Am bi am beatha gu siorraidh mar a bha e roimhe?

BETH NICLEÒID AGUS ALISON NICDHÒMHNAILL

CAIBIDEIL

3

'S e rud mòr a th' ann spòrs a chluiche dhan dùthaich agad. Tha sin nas cinntiche buileach ma tha thu às na h-Eileanan. Ach tha dithis air tighinn bho aon eilean, Uibhist a Tuath, a chluich rugbaidh do dh'Alba. Gu dearbh, tha an dithis aca air cluiche do dh'Alba aig Cupa Rugbaidh na Cruinne.

Is ann à Loch na Madadh a tha Beth NicLeòid. Thòisich i a' cluiche rugbaidh an uair a bha i ann an Colaiste Chnoc Iòrdain ann an Glaschu. Bha an nighean aig Sandy Carmichael, cluicheadair rugbaidh ainmeil, air an aon chlas rithe. Bha a h-athair na choitse air sgioba bhoireannaich West of Scotland agus sin mar a thòisich Beth sa gheam. Chluich i cuideachd do sgioba Murrayfield Wanderers ann an Dùn Èideann.

Choisinn Beth a' chiad cheap aice do dh'Alba ann an 1997. Bha an geama sin an aghaidh Èirinn. Uile-gu-lèir chluicheadh Beth seasgad 's a h-ochd turas do dh'Alba. Ghabh i pàirt ann an naoi farpaisean nan Sia Dùthchannan. Bha i anns an sgioba a ghlèidh an Grand Slam ann an 1998. B' e sin a' chiad turas agus an turas mu dheireadh a ghlèidh boireannaich Alba an fharpais. Ghabh i pàirt cuideachd ann an trì farpaisean de Chupa na Cruinne. Tha Beth a-nis ag obair na h-Oifigear-leasachaidh Spòrs.

Is ann an Glaschu a rugadh Alison NicDhòmhnail, ach chaidh a togail ann an Uibhist a Tuath. Tha croit aig an teaghlach aice ann an àite ris an canar a' Chàrnach. Thòisich i a' cluiche rugbaidh an uair a bha i san Oilthigh ann an Dùn Èideann. Bha Alison a' cluiche an toiseach do sgioba Liosmòr sa bhaile agus an uair sin dha na Royal High Corstorphine Cougars. Choisinn i a' chiad cheap aice do dh'Alba an aghaidh Chanada ann an 2007. Uile-gu-lèir, chluich Alison seachd-deug tursan do dh'Alba. Chluich i cuideachd do dh'Alba ann an Cupa Rugbaidh na Cruinne ann an 2010. Tha Alison a-nis na poileas ann an Dùn Èideann.



BETH NICLEÒID AGUS ALISON NICDHÒMHNAILL

CAIBIDEIL


3



1. Cò às a tha Beth agus Alison?
2. Dè tha a' sealltainn gun robh Beth NicLeòid beagan nas sine nuair a thòisich i a' cluiche rugbaidh?
3. Dè bha sònraichte mu dheidhinn an Grand Slam a bhuannaich Alba ann an 1998?
4. Dè an obair a tha aig Beth a-nis?
5. Ged a rugadh Alison ann an Glaschu, dè an ceangal a th' aice ri Uibhist?
6. Dè an obair a th' aice?

Chaidh Beth agus Alison le chèile a thogail ann an Uibhist a Tuath.

Tha thu air obair fhaighinn gus barrachd luchd-turais a thàladh a dh' Uibhist a Tuath thairis air a' bhliadhna a tha romhainn. Sgrìobh aithisg fiosrachaidh ag innse mun eilean agus feuch gun cuimhnich thu air na cinn seo nad aithisg:



Cleachd dealbhan airson togail a thoirt dhan aithisg agad agus cuimhnich gur e prìomh amas na h-aithisg luchd-turais a thoirt dhan sgìre!

'S ann à Beinn a' Bhaoghla a tha Cailean Caimbeul. Tha e ainmeil a chionn is gun do chluich e ann an cuairt dheireannach Cupa na h-Alba do Hibs. Bha e cuideachd anns an aon sgioba ris an rionnaig ainmeil, George Best.

Bha Cailean ann an Oilthigh Dhùn Èideann nuair a thàinig e gu aire Hibs. Chuir e ainm ri cùmhnant aig Easter Road ann an 1978. Ach roimhe sin bha e air a bhith a' cluiche do sgioba na Hearadh fad an t-samhraidh. Bhiodh e fhèin agus co-ogha dha, Niall Moireasdan, a' siubhal dha na Hearadh à Beinn a' Bhaoghla airson geamachan a chluich. Aig an aon àm bha iad cuideachd a' cluiche do sgioba Bheinn nam Fadhla ann an Liog Uibhist is Bharraigh.

Rinn na Hearadh fìor mhath a' bhliadhna sin oir bhuannaich iad Liog Leòdhais agus na Hearadh. Tha cuimhne aig Cailean gun robh siostam bònas àraid aca. Nan cluicheadh iad gu math, gheibheadh iad bradan a bheireadh iad leotha dhachaigh!

Tha Cailean ag ràdh gur e seo an t-àm a bu thoilichte a bh' aige riamh mar chluicheadair ball-coise. Ach bha e a-nis a' cluiche gu proifeiseanta agus fhuair e a' chiad tadhal aige do Hibs an aghaidh St Mirren aig Love Street. Aig deireadh an t-seusain, bha cothrom aig Hibs agus aig Cailean Cupa na h-Alba a thogail. Bha iad a' cluiche Rangers sa chuairt dheireannaich aig Pàirce Hampden. Ron a' ghèam fhuair Cailean teileagram bho charaidean sna Hearadh a' cur meal a naidheachd air.

Le còig mionaidean ri dhol, bha cothrom aig Cailean an Cupa a ghleidheadh do Hibs. Ach chaidh a leagail leis an neach-gleidhidh aig Rangers, Peter McCloy. Cha d' fhuair Hibs breab-pheanais idir. Chrìochnaich an gèam gun tadhal. Bha an ath ghèam 0-0 cuideachd agus mu dheireadh ghlèidh Rangers 3-2 san treas gèam.

'S e briseadh-dùil mòr a bh' ann do Hibs agus do Chailean. Smaoinich nan robh balach à Beinn a' Bhaoghla air tadhal a chur a ghleidheadh Cupa na h-Alba aig Hampden! An ath sheusan nochd rionnag eile aig Easter Road. B' e sin George Best, an cluicheadair ainmeil aig Manchester United is Èirinn a Tuath. Thuirt Cailean gun robh e "miorbhaileach a bhith san aon sgioba ri Best."

Ach fiù 's le Best san sgioba thuit Hibs a-mach às a' Phrìomh Roinn. Ghluais Cailean an uair sin gu Dundee United far an robh Jim McLean na mhanaidsear. Bha e cuideachd aig sgioba Àrd Ruighe grunn bhliadhnaichean mus do sguir e a chluiche aig aois 28 air sàillibh trioblaid le adhbrann.

CAILEAN CAIMBEUL

CAIBIDEIL

4



1. Dè sheall gun robh Cailean glè mheasail air ball-coise mus do ghabh e ri cùmhnant aig Hibs.
2. Nan cluicheadh tu gu math do sgioba na Hearadh aig an àm, dè an 'tuarastal' a gheibheadh tu?
3. Cia mheud turas a chluich Hibs an aghaidh Rangers ann an Cupa na h-Alba an seusan a thòisich Cailean?
4. Dè beachd Chailein air cluiche còmhla ri George Best?
5. Dè thug air Cailean sgur a chluich?



Nan cluicheadh Cailean gu math do sgioba na Hearadh, gheibheadh e duais gu math annasach!

Obraich còmhla ri caraid.

Smaoinich air an airgead mhòr a tha an cois ball-coise an-diugh agus na tuarastail mhòra a tha cluicheadairean ball-coise a' faighinn-fiù 's mura cluich iad gu math!

- Dè ur beachd air seo?
- A bheil cluicheadairean spòrs airidh air pàigheadh cho mòr?
- Am bu chòir dhaibh earrann den tuarastal aca a thoirt do chathrannas?

CALUM FEARGHASDAN

CAIBIDEIL



Thòisich Calum Fearghasdan a' cluiche ball-coise còmhla ri Ross County an uair a bha e seachd bliadhna a dh'aois. Ach b' e Caley Thistle Inbhir Nis an sgioba a bha e a' leantail agus ghluais e thuca dà bhliadhna às dèidh sin. Bha caraid dha, Ryan Christie, san aon sgoil-àraich ri Calum; mar sin bha iad eòlach air a chèile bho aois òg.

Gu h-annasach, b' ann an aghaidh Ross County a thàinig Calum air airson a' chiad turas airson Caley Thistle. Chaill iad an gèam, ach cha dìochuimhnich Calum an latha ud gu bràth. Thug Terry Butcher grunn chothroman eile dha agus an uair sin chaidh iarraidh air cluiche do sgioba Chanada fo aois 19. Fhuair Calum an cothrom seo a chionn 's gun do rugadh a mhàthair ann an Toronto. Bha an teaghlach aicese air falbh à Leòdhas air bòrd an t-soithich Metagama ann an 1923.

Sa chiad fharpais eadar-nàiseanta aige, chluich Calum an aghaidh dhùthchannan mar an Spàinn, Argentina, Iapan agus Meagsago. Am measg an fheadhainn a bha a' cluiche na aghaidh bha Gerard Deulofeu agus Denis Suárez aig Barcelona. Chuir Calum cuideachd a' chiad tadhal aige do Chanada anns an fharpais sin.

Às dèidh sin bha e duilich dha gèam fhaighinn airson Caley Thistle. Chaidh e a-mach air iasad gu sgioba Mhontrose, ach chaidh a ghoirteachadh. Fo stiùir Iain Hughes, thòisich Calum a' chiad ghèam aige an aghaidh Chille Mheàrnaig. Bha a theaghlach agus a charaidean uile an làthair. Ach a-rithist chaidh a dhroch ghoirteachadh mun druim greiseag às dèidh sin. Chaill e an ath sheusan uile-gu-lèir agus ghluais e gu Albion Rovers.

Bha oidhche shònraichte aig Calum aig Cliftonhill an aghaidh Queen of the South ann an Cupa na h-Alba 2016. Leis a' ghèam co-ionann, thàinig e far na beingidh gus tadhal a chur sa mhionaid mu dheireadh. Ghlèidh Rovers an gèam 2-1. Bha seo a' ciallachadh gum biodh iad a' cluiche Celtic san ath chuairt. Ged a chaill iad 3-0 aig Pàirce Celtic, b' e latha mòr eile a bha sin do Chalum a' cluiche an aghaidh rionnagan mòra Celtic agus a charaid Ryan Christie. Aig toiseach seusan 2017/18 ghluais Calum a-rithist. Tha e a-nis a' cluiche do dh'Elgin City san dara roinn de Liog na h-Alba.

CALUM FEARGHASDAN

CAIBIDEIL

5



1. Carson a bha e annasach gun robh Calum Fearghasan a' cluich do Ross County aig ìre òg?
2. Nuair a ghluais e gu Caley Thistle, dè an cothrom sònraichte a fhuair Calum ann am ball-coise eadar-nàiseanta? Carson a thachair seo agus dè an ceangal a bha aig a seo ri Leòdhas?
3. Dè na trioblaidean a bh' aig Calum aig Caley Thistle an dèidh seo?
4. Ciamar a thàinig Calum agus Ryan Christie còmhla a-rithist?



Chaidh Calum a dhroch ghoirteachadh fhad 's a bha e a' cluiche ball-coise.

Tha ceist air èirigh anns na meadhanan mu luchd-spòrs a bhios a' fulang droch bhuille sa cheann. Tha criothnachadh eanchainn air leth cunnartach agus faodaidh e beatha a' chluicheadair a chur ann an cunnart mura faigh e cùram ceart.

Tha diofar bheachdan air nochdadh air mar a ghabhas seo a lùghdachadh agus co-dhiù a bu chòir casg a chur air cluicheadairean ball-coise òga bho bhith a' cluich a' bhuill len ceann.

- Dè do bheachd-sa air a' chuspair agus dè na beachdan a th' aig càch sa chlas?
- Cleachd an t-eadar-lion airson beagan rannsachaidh a dhèanamh anns a' chiad dol-a-mach.
- 'S dòcha gum bi fiosrachadh aig a' cho-òrdanaiche *Active Schools* cuideachd.

Dèan postair mu na cunnartan a tha an lùib criothnachadh eanchainn agus a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aige air cluicheadairean ball-coise agus luchd-spòrs eile a thèid a bhualadh mun cheann.

'S e sear-criogaid a th' ann an Calum MacLeòid. Chaidh Calum a thogail ann an Glaschu agus chaidh e gu Àrd-sgoil Chnoc na Pàirce. B' e sin an sgoil Ghàidhlig a bh' ann an Glaschu aig an àm. Tha ceangal aig Calum ri Uibhist a Deas. B' ann às an sin a bha a sheanair, Ailean, mus do ghluais esan a Ghlaschu. 'S e Highlander aon dhe na far-ainmean aig Calum.

Thòisich Calum a' cluiche criogaid còmhla ri Club Criogaid Drumpelzier mus do ghluais e gu club eile ann am Baile Ùdain no Uddingston. Chluich e timcheall air seachd turas do sgiobaidhean òga na h-Alba. Ann an 2006 chaidh Calum a thaghadh airson sgioba Alba fo aois naoi bliadhna deug a chaidh gu Cupa Criogaid na Cruinne ann an Sri Lanka.

Fhuair e an uair sin cothrom a dhol gu Club Warwickshire mar bhòbhlair. Às dèidh bliadhna sna sgiobaidhean òga, thug iad dha cùmhnant dà bhliadhna. Aig an àm seo cuideachd, choisinn Calum a' chiad cheap airson sgioba criogaid na h-Alba. Bha an gèam sin an aghaidh United Arab Emirates ann an 2007. B' e seo a' chiad turas a bha fear le Gàidhlig air criogaid a chluiche do dh'Alba. B' e Calum cuideachd an cluicheadair Albannach a b' òige a bha air cluiche aig an ìre seo.

Choisinn Calum tuilleadh cliù ann an 2009. Nochd e mar chluicheadair ionaid do Shasainn an aghaidh Astràilia aig farpais nan Ashes, aig Edgbaston ann am Birmingham. Thuirt e aig an àm gur e urram "iongantach" a bh' ann. Mar sin 's e an aon fhear le Gàidhlig a tha air criogaid a chluiche do Shasainn cuideachd!

Chluich e cho math agus gun do choisinn e cùmhnant aig Club Criogaid Durham. Ann an 2014 chlàr e còrr is ceud ruith ann an dà ghèam às dèidh a chèile. Sa chiad fhear an aghaidh United Arab Emirates, chuir e ceud is trì deug air a' bhòrd. Rinn e na b' fheàrr buileach san ath ghèam an aghaidh Chanada le ceud seachdadh 's a còig.


Bha an gèam an aghaidh Chanada cudromach oir chuidich e Alba faighinn gu Cupa na Cruinne ann an 2015. Bhon uair sin tha Calum cuideachd air cluiche do dh'Alba aig farpais T20 na Cruinne anns na h-Innseachan ann an 2016. Tha Calum fhathast a' cluiche gu proifeiseanta do Chriogaid Alba a thuilleadh air a bhith na choidse.

CALUM MACLEÒID

CAIBIDEIL



Sgoil
Ghàidhlig
Ghlaschu



1. Dè an ceangal a th' aig Calum ris a' Ghàidhlig agus ris na h-eileanan?
2. Ciamar a chaidh do Chalum le sgiobaidhean òga na h-Alba?
3. Chluich Calum dhan chiad sgioba aig Alba ann an 2007 an aghaidh UAE. Dè an dà rud a bha sònraichte mu dheidhinn seo?
4. Ainmich dùthaich eile dhan do chluich Calum?
5. Ainmich dà rud soirbheachail a rinn Calum bho 2014.



Fhuair Calum foghlam Gàidhlig ann am baile Ghlaschu-am baile anns an deach a thogail.

Faigh a-mach mu fhoghlam Gàidhlig ann an Glaschu an-diugh.

Ciamar a tha an suidheachadh foghlaim ann an Glaschu an-diugh air tighinn air adhart seach mar a bha e nuair a thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Glaschu an toiseach ann an 1985?

IAIN MAC ILLE NA BRATAICH

CAIBIDEIL

7

B' e cluicheadair ainmeil rugbaidh a bh' ann an Iain Mac Ille na Brataich no John Bannerman. Rugadh e ann an Glaschu, ach b' ann à Uibhist a Deas a bha athair. B' e Iain Ruaraidh (Mac Ille na Brataich) an t-ainm a bh' aire-san. Bha e ag obair aig oifis a' phuist ann an Uibhist a Deas agus b' e cuideachd a sgrìobh an t-òran *Mairi's Wedding*.

Chaidh Iain òg gu Acadamaidh Shawlands agus an uair sin gu Àrd-sgoil Ghlaschu. Fhad 's a bha e an sin, bha e na chaithean air sgioba rugbaidh na sgoile. B' e sgoilear math a bh' ann agus bha e fìor mhath air Saidheans. Thug e a-mach ceum ann an Saidheans ann an Oilthigh Ghlaschu. An uair sin chaidh e Colaiste Balliol ann an Oilthigh Oxford agus gu Oilthigh Cornell anns na Stàitean Aonaichte.

Choisinn Iain a' chiad cheap aige do dh'Alba ann an 1921. B' ann an aghaidh na Frainge a bha an gèam agus chaill Alba 3-0. Uile-gu-lèir, chluich Iain trithead 's a seachd turas do dh'Alba. Bha e mar phàirt dhen sgioba ainmeil a ghlèidh an Grand Slam ann an 1925.

B' e seo a' chiad turas a bha Alba air an Grand Slam a thogail. Bha sin a' ciallachadh gun do bhuannaich iad an aghaidh na Frainge, a' Chuimrigh, Èirinn agus Sasainn san aon fharpais. Bha an gèam mu dheireadh an aghaidh Shasainn air an aonamh latha fichead dhen Mhàrt 1925. B' e sin a' chiad ghèam a chaidh a chluiche aig Pàirce Murrayfield. Bha còrr is seachdad mìle neach an làthair agus ghlèidh Alba 14-11.

Chluich Iain an gèam mu dheireadh aige do dh'Alba ann an 1929. A-rithist, b' ann an aghaidh Shasainn a bha e agus ghlèidh Alba 12-6. Bhuannaich iad Cupa Calcutta an latha sin a thuilleadh air farpais nan Còig Dùthchannan.

Às dèidh sgrùd a chluiche, chuir Iain aghaidh air tuathanas agus poilitigs. Bha tuath aige aig Baile Mo Thàtha, air taobh sear Loch Laomainn. 'S e Libearalach a bh' ann. Sheas e grunn thursan airson Pàrlamaid Westminster mus deach dreuchd Baran a thoirt dha ann an 1969. Bha an nighean aige, Ray Michie, cuideachd na ball-pàrlamaid Libearalach. Bha mac eile aige, Iain, a bha na sgoilear Gàidhlig agus na eachdraiche ainmeil.



IAIN MAC ILLE NA BRATAICH


CAIBIDEIL

7



1. Ciamar a tha fhios againn gun robh Iain glè chomasach mar neach-spòrs agus mar sgoilear?
2. A rèir na h-earrainn, dè th' ann an Grand Slam ?
3. Dè bha sònraichte mun ghèam mu dheireadh aig Iain an aghaidh Shasainn?
4. Dè rinn Iain às dèidh dha sgru a chluiche?
5. Dè rinn dithis den chloinn aige?

Tha proifeiseantachd air droch bhuidh a thoirt air rugbaidh ann an Alba.



- A bheil thu ag aontachadh ris a' bheachd gu h-àrd?
- Bheir an tidsear agad aon taobh den mholadh seo dhut. Feumaidh tu argumaidean a dhèanamh airson an taoibh sin.
- Is dòcha nach bi thu ag aontachadh ris an taobh a tha agadsa. Is e sgil dhoirbh a th' ann!

Sgrìobh 300 facal a' toirt do bheachd air a' mholadh seo. Feuch gum minich thu do bheachdan gu soilleir!

Rugadh Iain Collins, no John Angus Paul Collins airson ainm slàn a thoirt dha, ann an Galashiels sna Crichean. Ach b' ann à Loch Baghasdail an Uibhist a Deas a bha a mhàthair. An uair a bha e na ghille beag, bha Iain a' cluiche rugbaidh a thuilleadh air ball-coise. Ach b' e ball-coise a b' fheàrr leis. B' ann am meadhan na pàirce a bha e a' cluiche agus b' e a chas chli a b' fheàrr leis.

Bha e a' cluiche ceithir bliadhna do chlub òigridh Hutchison Vale. An uair sin thàinig an cothrom a dhol gu Hibernian. Chuir e seachad sia bliadhna aig Easter Road. Chluich e 195 gèamannan do Hibs agus chuir e 21 tadhal. Chaidh Iain a thaghadh airson Alba aig an àm seo cuideachd. Fhuair e tadhal anns a' chiad ghèam aige an aghaidh Saudi Arabia ann an Riyadh sa Ghèarran 1988.

Bha clubaichean eile a-nis ga iarraidh agus ann an 1990 ghluais e gu Celtic. Seo an sgioba a bha Iain air a bhith a' leantail bho bha e na bhalach beag. B' e a' chiad chluicheadair air an do chosg Celtic millean not. Gu mì-fhortanach do dh'Iain ge-tà, cha robh sgioba Celtic cho math aig an àm sin. Cha do bhuannaich e ach aon duais mhòr - Cupa na h-Alba ann an 1995.

Bliadhna às dèidh sin, ghluais Iain gu Monaco. B' e a' chiad chluicheadair Breatannach a ghluais gu club eile às dèidh Riaghailt Bosman. Bha an riaghailt seo a' leigeil le cluicheadairean gluasad an-asgaidh gu club eile nuair a chrìochnaicheadh a' chùmhnannt. Mar sin cha d' fhuair Celtic sgillinn airson Collins agus fhuair Monaco cluicheadair luach nam milleanan an-asgaidh.

Bha dà bhliadhna shoirbheachail aig Iain san Fhraing. Ann an 1997 ghlèidh Monaco Liog na Frainge. A' bhliadhna às dèidh sin ann an 1998, ràinig Monaco iar-chuairtean deireannach an Champions' League. Rinn iad an gnothach air Manchester United agus Sir Ailig Fearghasdan sa chuairt roimhe sin.

B' e bliadhna mhòr a bha sin do dh'Iain. Bha Alba ann an Cupa na Cruinne san Fhraing. Bha a' chiad ghèam aca an aghaidh Bhrasil aig an Stade de France ann am Paris. Cha tug duine mòran cothrom dhaibh. Ged a chaill iad 2-1, chuir Iain Collins breab-pheanas a-steach do dh'Alba. Thuirt e fhèin gum b' e siud an rud a b' fheàrr a rinn e riamh mar chluicheadair.

Às dèidh Monaco chluich e do dh'Everton agus Fulham ann an Sasainn. Mar mhanaidsear ghlèidh e Cupa Liog na h-Alba aig Hibs ann an 2007. Thill e gu Celtic cuideachd ag obair còmhla ri Ronny Deila fad dà bhliadhna. Ach bidh cuimhne gu bràth air Iain Collins airson a' bhreab-pheanas ud an aghaidh Bhrasil.

IAIN COLLINS

CAIBIDEIL

8



1. Dè an spòrs eile air an robh Iain Collins glè chomasach?
2. Dè rinn e an aghaidh Saudi Arabia ann an 1988?
3. Dè an t-urram a fhuair Iain nuair a chaidh e gu Celtic?
4. An robh àm Iain aig Celtic soirbheachail? Lorg fianais san teansa.
5. Dè bh' ann an 'Riaghailt Bosman'? Ciamar a thug seo buaidh air Iain agus air Celtic?
6. Ainmich dà rud mòr a rinn Iain anns na bliadhnaichean às dèidh Celtic fhàgail.
7. Dè tha Iain air a dhèanamh mar mhanaidsear agus mar choidse?



Thuir Iain gur e a' bhreab-peanais a chuir e a-steach an aghaidh Bhrasil ann an 1998 "an rud a b' fheàrr a rinn e riamh".

Dè an rud a b' fheàrr a rinn thu fhèin riamh?

No

Dè an rud a bu mhotha a chòrdadh e riut a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil?

Sgrìobh mu 300 facal.

KERRY AGUS CIORSTaidH NIC-A-PHÌ

CAIBIDEIL



Rugadh is thogadh Kerry Nic-a-phi ann an Uibhist a Deas. Tha i air cliù a chosnadh dhi fhèin mar neach-spòrs baidhsagal beinne proifeiseanta. Is i a' chiad bhoireannach às na h-Eileanan Siar a tha air farpais aig Geamachan a' Cho-fhlaitheis.

'S ann à Cille Pheadair a tha Kerry agus chaidh i do sgoil Dhalabroig agus Lionacleit. 'S e nighean croiteir a th' innte. An uair a bha i beag, bhiodh i fhèin agus a peathraichean agus a bràthair a' cuideachadh an athar a' cruinneachadh nan caorach. Tha Kerry fhèin ag ràdh gur e seo a dh'fhàg i cho fiot is cho fallain!

Bha i trì thar fhichead an uair a fhuair i a' chiad bhaidhsagal beinne aice. B' e farpaisean *triathlon* a bha i a' dèanamh an toiseach. Tha sin a' ciallachadh gum feum thu snàmh, ruith agus falbh air baidhsagal. Ach às dèidh greis thuig Kerry nach robh i math gu leòr air snàmh. Mar sin rinn i co-dhùnadh cumail ri spòrs baidhsagal.

Rinn i math gu leòr airson faighinn do sgioba baidhsagal beinne na h-Alba airson Geamachan a' Cho-fhlaitheis ann an Glaschu ann an 2014. Chrìochnaich i san treas àite deug. Bha i gu math moiteil gur i a' chiad bhoireannach às na h-Eileanan Siar a bha air farpais aig Geamachan a' Cho-fhlaitheis. Chòrd e gu mòr rithe cuideachd a bhith a' gabhail pàirt anns na cuirmean a dh'fhosgail agus a dhùin na Geamachan aig Pàirce Celtic.

Bhon uair sin tha piuthar Kerry, Ciorstaidh – a tha na neach-teagaisg – air a piuthar a leantainn a-steach dhan spòrs. Ghabh iad pàirt ann an Geamachan Eileanan na Cruinne ann an Jersey ann an 2015. Bha iad a' rèiseadh do sgioba nan Eilean Siar. Bhuannaich Kerry dà bhonn òir le Ciorstaidh san dara àite a' togail dà bhonn airgid. Còmhla, choisinn iad bonn òir airson an sgioba a b' fheàrr.

KERRY AGUS CIORSTaidH NIC-A-PHÌ

CAIBIDEIL

9



OBAIR!

1. A rèir a' chiad pharagraf, dè tha sònraichte mu Kherry?
2. Dè tha Kerry ag ràdh a dh'fhàg i cho fiot agus fallain?
3. Carson a sguir Kerry den *triathlon*?
4. Dè chòrd ri Kerry mu Gheamachan a' Cho-fhlaitheis ann an Glaschu?
5. Ciamar a bhios Kerry agus a piuthar Ciorstaidh a' farpais còmhla?
6. Càit am biodh dùil agad an earrann seo a leughadh? Thoir adhbhar airson do bheachd.



OBAIR!

EILE

TURAS BAIDHSAGAL NAN EILEAN

Tha thu a' dol a dhèanamh cuairt bhaidhsagal anns na h-Eileanan Siar o Nis gu Bhatarsaigh (air neo an rathad eile). Dè tha agad ri dhèanamh mus falbh thu?

- Dè cho fad 's a bheir e?
- Dè an trèanadh a tha dhith ort?
- Dè an taic a dh'fheumas tu air an rathad?
- Càit am fuirich thu air an oidhche?
- Cò thèid còmhla riut?

Sgrìobh aithisg ghoirid mun turas a tha air thoiseach ort.

RIONNAGAN ÒGA: LEWIS MORGAN/MATA WRIGHT/ D A MOIREASDAN

CAIBIDEIL



Lewis Morgan

Chaidh Lewis Morgan aig St Mirren ainmeachadh air eilean Leòdhais. B' ann à Bràgar a Deas a bha a shinn-seanair. B' e Dòmhnall Mac Gill-Eain an t-ainm a bh' air. Bha e na Inspeactair air Poileas Ghlaschu agus bha e cuideachd a' sabaid anns a' Chogadh Mhòr.

Ged a tha Lewis a' cluiche aig St Mirren, b' ann aig Rangers a thòisich e. Bha e an sin na bhalach gus an do ghluais e gu St Mirren. Chluich e a' chiad ghèam aige airson St Mirren an aghaidh Celtic anns an t-Sultain 2014. Chaill na Buddies 2-1 an latha sin.

Bhon uair sin, tha Lewis air e fhèin a stèidheachadh san sgioba. Tha e air fear dhe na cluicheadairean as fheàrr aig St Mirren. Ann an seusan 2016/17 choisinn e an duais airson an Cluicheadair a b' fheàrr aig St Mirren. A' bhliadhna sin cuideachd chaidh a' chiad cheap a thoirt do Lewis airson sgioba Alba fo aois 21. Rinn e cho math an aghaidh Estonia 's gun d' fhuair e duais Sàr Chluicheadair a' Gheama. Gun e ach fichead bliadhna a dh'aois, tha bliadhnaichean mòra ro Lewis sa ghèam aig àrd ire.

Mata Wright agus Dòmhnall Ailig Moireasdan

Nas òige na Lewis Morgan, tha dithis bho na h-Eileanan Siar a tha a' cluiche do Ross County agus Caley Thistle Inbhir Nis. Tha Mata Wright aig na Staggies agus Dòmhnall Ailig Moireasdan aig na Caley Jags. 'S e cluicheadair-aghaidh a th' ann am Mata agus cluichidh Dòmhnall Ailig aig a' chùl no ann am meadhan na pàirce.

Chaidh an dithis aca a thogail anns an Rubha an Leòdhas. Bha iad a' cluiche còmhla do sgioba òg an Rubha agus Sgoil MhicNeacail. Tha Mata a' siubhal à Leòdhas gach deireadh sheachdain a chluiche do Ross County. Ghluais an teaghlach aig Dòmhnall Ailig a dh'Inbhir Nis. Mar sin, chan fheum esan siubhal gu tìr-mòr airson cluiche dhan sgioba aige.

Tha an dithis aca air cluiche an aghaidh a chèile dha na sgiobaidhean òga aig Ross County agus Caley Thistle. Bidh iad an dòchas cluiche dha na sgiobaidhean mòra aig na clubaichean sin anns na bliadhnaichean ri teachd.

RIONNAGAN ÒGA: LEWIS MORGAN/MATA WRIGHT/ D A MOIREASDAN

CAIBIDEIL

10



OBAIR!

1. Cò às a bha sinn-seanair Lewis Morgan agus dè rinn esan na bheatha?
2. Ciamar a tha fhios againn bhon teacsa gu bheil saoghal dòchasach air thoiseach air Lewis a thaobh ball-coise?
3. Càit am bi Mata agus Dòmhnall Ailig a' cluich air a' phàirce?
4. Dè rinn Mata agus Dòmhnall Ailig airson barrachd adhartais a dhèanamh ann am ball-coise?



OBAIR!

EILE

Dèan agallamh còmhla ri cuideigin san sgoil agad, no nad theaghlach, a bhios a' cluich spòrs sam bith aig àrd ìre.

- Carson a thòisich iad air an spòrs shònraichte aca a chluich?
- Càit am bi iad a' trèanadh?
- Dè an rud a b' fheàrr a rinn iad gu ruige seo?
- Dè tha iad an dòchas a dhèanamh san àm ri teachd?

RIÒNNAGAN ÒGA: KARA HANLON AGUS HEATHER NICFHIONGHAIN

CAIBIDEIL

11

Kara Hanlon

'S e snàmhadair air leth tàlanta a th' ann an Kara Hanlon. Is ann à Steòrnabhagh, an Eilean Leòdhais a tha i. Thòisich i a' snàmh nuair a bha i seachd bliadhna a dh'aois. Aig aon àm b' i an snàmhadair òg a b' fheàrr a bha ann an Alba.

Às dèidh Sgoil MhicNeacail, chaidh Kara a dh'Oilthigh Dhùn Èideann far a bheil i sa chlub snàmh. Bho chaidh i an sin, chaidh Kara a thaghadh airson Sgioba Òir agus Sgioba Airgid Snàmh na h-Alba. Tha i a' treànadh còig uairean fichead gach seachdain, agus tha i air a bhith air leth soirbheachail aig Geamachan nan Eilean. Ann an 2015 ann an Jersey, bhuannaich i bonn òir airson sràc-droma thairis air leth-cheud meatair. Dà bhliadhna às dèidh sin, thog i dà bhonn òir ann an Gotland san t-Suain. A-rithist, bha fear dhiubh airson snàmh sràc-droma thairis air 50 meatair, le bonn òir eile cuideachd thairis air dà cheud meatair. Tha Kara ag amas air a bhith math gu leòr airson faighinn chun nan Geamachan Oilimpigeach.

Heather NicFhionghain

Rinn Heather NicFhionghain uabhasach math ann an Gotland cuideachd. Is ann à Èirisgeidh a tha Heather. Bidh i a' deànamh leum fada. Tha Heather na ball de Chlub Lùth-chleasachd Uibhist a Deas agus Èirisgeidh.

Anns a' chiad leum aice aig Geamachan Gotland, leum Heather aon-deug meatairean agus sia ceudameatairean. Bha sin na b' fhaide na leum i riamh roimhe. Cha b' urrainn dha na boireannaich eile tighinn faisg oirre. Am measg an fheadhainn a bha a' farpais na h-aghaidh bha tè a bh' anns na Geamachan Oilimpigeach roimhe.

Tha sin ag innse cho math 's a rinn Heather. Bha an latha na b' fheàrr buileach oir bha a h-athair, a màthair, a piuthar agus a bràthair air a dhol a-null dhan t-Suain ga coimhead. Bidh sinn an dòchas barrachd a chluinntinn mu Heather agus Kara sna bliadhnaichean a tha romhainn.

RIONNAGAN ÒGA: KARA HANLON AGUS HEATHER NICFHIONGHAIN

CAIBIDEIL

11



1. Cia mheud uair san t-seachdain a bhios Kara a' trèanadh?
2. Dè an t-amas a th' aig Kara?
3. Cò còmhla ris am bi Heather a' trèanadh?
4. Dè gu sònraichte a rinn i aig Geamaichan Ghotland?



Sgrìobh sgeulachd ghoirid stèidhichte air an t-sean fhacal seo.

"an t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh bòidheach"



'S e cluicheadair ainmeil ball-coise a th' ann am Murchadh MacLeòid. Chluich e do Celtic, Borussia Dortmund, Hibs agus Alba. B' ann à Port Rìgh san Eilean Sgitheanach a bha athair agus seanair Mhurchaidh. Rugadh e ann an Glaschu agus thòisich e a' cluiche ball-coise aig sgioba Dhùn Bhreatann. Bha cothrom aige a dhol gu Rangers cuideachd. Ach bha e a' faireachdainn gum faigheadh e cluiche nas luaithe aig Dhùn Bhreatann.

Chuir Murchadh seachad trì bliadhna aig Dhùn Bhreatann. An uair sin ghluais e gu Celtic airson £100,000. Cha robh e fada a' cosnadh cliù. Bha na tadhail chumhachdach aige a' còrdadh ris an luchd-taic agus cha robh mòran na b' fheàrr na an tadhal a ghlèidh an Liog ann an 1979. Cha robh a dhith air Rangers ach puing airson an tìotal a thogail. Bha an gèam mu dheireadh aig Celtic an aghaidh Rangers aig Parkhead. Ach a' cluich le deichnear, bhuannaich Celtic 4-2 le Murchadh a' faighinn an tadhail mu dheireadh anns a' mhionaid mu dheireadh. Abair brag!

Uile-gu-lèir ghlèidh Murchadh Lig na h-Alba còig tursan, Cupa na h-Alba dà thuras agus Cupa an Liog aon turas aig Celtic. Chluich e cuideachd an aghaidh sgiobaidhean ainmeil leithid Real Madrid, Juventus agus Real Sociedad. Aig an àm seo cuideachd chluich, e a' chiad ghèam aige do dh'Alba. Bha sin an aghaidh Shasainn aig Pàirce Hampden le Alba a' gleidheadh tadhal gu neoni. Tha fichead ceap aige airson Alba. Nam measg bha dà ghèam aig Cupa na Cruinne 1990 san Eadailt. Bha na geamachan sin an aghaidh na Suain agus Brasil.

Às dèidh naoi bliadhna aig Celtic, ghluais Murchadh gu Borussia Dortmund sa Ghearmailt. Bha e an sin ceithir bliadhna agus dh'ionnsaich e Gearmailtis. Goirid às dèidh dha gluasad, choinnich Dortmund ri Celtic ann an Cupa UEFA. Chaidh fàilte mhòr a chur air Murchadh aig Pàirce Celtic, ach chaill an t-seann sgioba aige 3-2. Bhuannaich e dà dhuais aig Dortmund - Cupa na Gearmailt agus an Super Cup.

Thill e a dh'Alba an toiseach mar chluicheadair do Hibs. Thog e Cupa an Liog ann an 1991 còmhla ris na Hibeas. Às dèidh sin, bha e na mhanaidsear aig Dhùn Bhreatann agus Partick Thistle. Thill e an uair sin gu Celtic còmhla ris an Duitseach Wim Jansen ann an 1997. 'S e bliadhna mhòr a bha sin do Celtic. Bha Rangers a' feuchainn ris an Liog a ghlèidheadh airson an deiceamh turais an ceann a chèile. Ach chaidh aig Murchadh, Jansen agus fear leis an ainm Henrik Larsson air stad a chur orra. Tha Murchadh a-nis ag obair sna meadhanan.



1. Carson a chaidh Murchadh gu Dùn Bhreatainn seach gu Rangers?
2. Ciamar a choisinn e cliù aig Celtic ann an ùine ghoirid?
3. Ainmich cuid de na figearan a tha a' dearbhadh cho soirbheachail 's a bha àm Mhurchaidh aig Celtic.
4. Carson a dh'ionnsaich Murchadh Gearmailtis?
5. Carson a tha Murchadh agus Wim Jansen ainmeil ann an eachdraidh Celtic?

Ann an Caibdeil 10, rinn thu agallamh còmhla ri cuideigin sa chlas/nad theaghlach.

A-nis, libhrig prògram spòrs telebhisean coltach ri Sportscenter, Match of the Day no BBC Spòrs Facebook Live sa chlas agad. Cuidichidh an tidsear sibh a' dèanamh toiseach-toiseachaidh.

- Ullaich script!
- Tagh preasantair, neach-aithris, eòlaiche, neach-camara, agus stiùiriche!
- 'S dòcha gum bi dreuchdan eile a dhìth sa chlas?
- Faodaidh an clas an dà chuid spòrs an latha an-diugh agus spòrs bho chionn fhada ann an eachdraidh a chòmhdach sa phrògram.

An dèidh bliadhnaichean na chluicheadair ball-coise proifeiseanta, fhuair Murchadh obair anns na meadhanan.

Tha thu fhèin a' cur a-steach airson obair nad neach-aithris spòrs anns na meadhanan Ghàidhlig.

Lion a' chùinntas-beatha air duilleag 26.



Cunntas-beatha

Ainm:

Seòladh

Là-breith:

Post-dealain:

Aois:

Àireamh fòn:

Foghlam:

Sgilean pearsanta

Obair:

Cur-seachadan

Teistiche:

RONAIDH AGUS DONAIDH MACFHIONGHAIN

CAIBIDEIL

13

'S e càraid bhràithrean a th' ann an Ronaidh agus Donaidh MacFhionghain. Bha an dithis aca a' cluiche ball-coise do Rangers agus Partick Thistle. Tha ceangal làidir aig an dithis ris na h-Eileanan. Bha an athair à Gleann Dail san Eilean Sgitheanach agus 's ann à Càrlabhagh an eilean Leòdhais a bha am màthair. Chaidh na bràithrean a thogail ann am Baile Ghobhainn ann an Glaschu. Ach nuair a bha an dàrna cogadh ann, thill iad a dh'fhuireach a Chàrlabhagh.

Chaidh Ronaidh gu Rangers ann an 1958 agus Donaidh gu Partick Thistle bliadhna às dèidh sin. Chluich Ronaidh 473 geamannan do Rangers agus ghlèidh e tìotal an liog dà thuras, Cupa na h-Alba ceithir tursan agus Cupa an Liog trì tursan.

Chluich e cuideachd 28 tursan do dh'Alba. Bha e a' cluiche anns a' ghèam ainmeil nuair a rinn Alba an gnothach air Sasainn aig Wembley ann an 1967. Bha Sasainn air Cupa na Cruinne a thogail a' bhliadhna roimhe sin. Mar sin, nuair a rinn Alba an gnothach orra 3-2, bha Alba ag ràdh gur iadsan an sgioba a b' fheàrr air an t-saoghal! Ann an 1966 bha Ronaidh cuideachd anns an sgioba aig Alba nuair a chluich iad an aghaidh Bhrasil. Na aghaidh an latha sin bha an cluicheadair ainmeil, Pelé.

Gu mì-fhortanach, bhris Ronaidh a chas gu dona ann an 1971. Bha Rangers a' cluiche an aghaidh Sporting Lisbon ann am Portagail nuair a thachair e. Bha sin a' ciallachadh nach robh e san sgioba nuair a ghlèidh Rangers Cupa nan Cup Winners ann an 1972.


Cha robh Ronaidh cho math tuilleadh agus ghluais e a dh'Afraga a Deas far an robh e a' cluiche aig Durban United. Dh' fhuirich e an sin airson còrr is trithead bliadhna ach nuair a thàinig sgaradh-cinnidh no *apartheid* gu ceann, thill e dhachaigh a dh'Alba. Bha Ronaidh a' faireachdainn gun robh Afraga a Deas a-nis ro chunnartach. Ghluais e air ais a Leòdhas agus tha e a' fuireach anns an Rubha.

Chluich Donaidh ceithir bliadhna deug do Phartick Thistle. Nochd e 321 tursan airson nan Jags agus chuir e aon tadhal - an aghaidh Hibs ann an 1968. Às dèidh dha sgur a chluiche, bha e na thearapaist-cuirp no physiotherapist aig a' chlub agus mar phàirt de sgioba coidsidh na h-Alba. Tha Donaidh a-nis a' fuireach ann an Rinn Friù.

RONAIDH AGUS DONAIDH MACFHIONGHAIN

CAIBIDEIL

13




1. Dè an ceangal a bha aig na bràithrean seo ris na h-eileanan?
2. Dè an gèam fìor ainmeil anns an robh Ronaidh a' cluich?
3. Dè an rud mì-fhortanach a thachair do Ronaidh ann an 1971?
4. Carson a dh'fhàg Ronaidh Afraga a Deas?
5. A thaobh obair, dè rinn Donaidh às dèidh dha sgrub a chluich?



Tha thu fhèin agus do charaid air bliadhna a ghabhail a-mach à foghlam agus ga cur seachad ann an Afraga a Deas.

Sgrìobh a' chiad litir agad dhachaigh ag innse mun turas gu ruige seo agus na diofar fhaireachdainnean a th' air a bhith agad o dh'fhàg thu an dachaigh.

- Cleachd an t-eadar-lìon airson rannsachadh a dhèanamh air beatha ann an Afraga a Deas.
- Ciamar a tha e eadar-dhealaichte bhon dachaigh?
- Dè tha thu ag ionndrainn?
- Dè tha a' còrdadh riut?



Bha Tormod MacLeòid Hall no 'Nim' na chaithean air sgioba rugbaidh Shasainn. Ach b' ann à Leòdhas a bha a mhàthair. B' e Catriona Anna NicLeòid an t-ainm a bha oirre. Rugadh i ann an Steòrnabhagh agus bha a pàrantan à Tolastadh a' Chaolais.

'S e banaltram a bh' ann an Catriona Anna agus bha i ag obair ann an ospadal ann an Huddersfield. B' ann an sin a choinnich i ris an Dotair Samuel Hall à Èirinn agus phòs iad. Aig àm nan saor-làithean bhiodh an teaghlach a' dol a Leòdhas. Bhiodh a' chlann a' fuireach còmhla ri an seanair 's an seanmhair ann an Tolastadh a' Chaolais.

B' e balach mòr, tapaidh a bh' ann an Tormod. Bha còrr is sia troighean a dh'àirde ann. Bu toigh leis a bhith ag iasgach, ach b' e rugbaidh an spòrs a b' fheàrr leis. Thòisich e a' cluiche a' ghèam aig aois aona bliadhn' deug san sgoil ann an Worksop. Às dèidh an sgoil fhàgail, chaidh e dhan Arm. Ach cha robh e fada an sin nuair a fhuair e cothrom tilleadh gu rugbaidh. Chluich e do Huddersfield, Richmond, Siorrachd Iorc agus Middlesex.

Fhuair Tormod a' chiad cheap aige do Shasainn ann an 1947. Bha an gèam sin an aghaidh na Cuimrigh aig Cardiff Arms Park. Chluich Tormod seachd-deug tursan do Shasainn. Dhiubh sin ghlèidh iad naoi, chaill iad sia agus bha a dhà co-ionann. Ann an trì-deug dhe na gearmachan sin bha Tormod na chaithean air an sgioba. Fhuair e trithead 's a naoi puingeann do Shasainn.

Chaidh a thaghadh dà uair cuideachd airson sgioba nam Barbarians. Airson cluiche dha na Baa-baas feumaidh tu a bhith fìor mhath air rugbaidh. Chluich e an gèam mu dheireadh aige do Shasainn an aghaidh Èirinn, dùthaich athar, aig Rathad Landsdowne ann an 1955. Às dèidh sgar a chluiche, bhiodh e fhathast a' tadhal air Leòdhas agus ag iasgach ann an Gearraidh na h-Aibhne. Gu mì-fhortanach, dh'fhàs Tormod tinn le aillse agus às dèidh ùine ghoirid, bhàsaich e ann an 1971. Cha robh e ach dà fhichead 's a sia bliadhna a dh'aois.



1. Dè bha màthair Thormoid a' dèanamh nuair a choinnich i ri athair?
2. Dè an coltas a bh' air Tormod?
Cleachd fianais bhon earrainn airson taic a thoirt dha do fhreagairt.
3. Cia mheud turas a chluich Tormod rugbaidh do Shasainn agus dè cho tric 's a bha e na chaithean?
4. Airson cluich do na Barbarians, dè cho math 's a dh'fheumadh tu a bhith?
5. Ciamar a chùm Tormod suas a cheanglaichean ri Leòdhas?



Bhiodh Tormod a' fuireach còmhla ri sheanmhair ann an Leòdhas anns na saor-làithean.

Lion an clàr air an ath dhuilleig airson aon de na seachdaineachan prìseil a chuir e seachad ann an Leòdhas còmhla ri sheanmhair ann an 1935 (nuair nach robh esan ach 10 bliadhna).

- Cò ris a bhiodh beatha coltach ann an Leòdhas aig an àm?
- Dè na rudan a bhiodh Tormod a' dèanamh tron latha? Obair na mòna? Iasgach? Caoraich? A' bleighann crodh?

SEACHDAIN:	BLIADHNA: 1935
DILUAIN	DISATHAIRNE
DIMÀIRT	LÀ NA SÀBAID
DICIADAIN	NOTAICHEAN
DIARDAOIN	
DIHAOINE	



Ann am beachd nan eòlaichean 's e Ragnall Ros an cluicheadair iomain a b' fheàrr a bh' ann riamh. A' cluiche airson Cinn a' Ghiùthsaidh chuir e còrr is mìle tadhal, rud nach deach a dhèanamh riamh ann an eachdraidh a' gheama. Choisinn e cuideachd duais MBE airson na rinn e mar chluicheadair.

Ach dh'fhaodadh Ragnall cuideachd a bhith ainmeil mar chluicheadair teanas. Nuair a bha e na bhalach, b' e an cluicheadair òg a b' fheàrr ann an Alba agus ràinig e àireamh a dhà san dùthaich. Dh'fhaodadh e a bhith air cumail air gu ìre phroifeiseanta, ach bhiodh sin a' ciallachadh gum feumadh e gluasad air falbh bhon Ghàidhealtachd dhan bhaile mhòr. B' fheàrr leis cuideachd spòrs sgioba seach spòrs aon duine; mar sin b' e camanachd a thagh e.

Thug athair, Iain, buaidh mhòr air Ragnall òg. Bha e fhèin air a bhith na chluicheadair agus na choidse soirbheachail airson sgioba Cheann a' Ghiùthsaidh. Is e fear-trèanaidh cruaidh a bh' ann cuideachd. Nam faiceadh e a' chlann a' cluiche ball-coise ann an raon-cluiche na sgoile, bhreabadh e am ball seachad air a' bhalla agus dh'iarraidh e orra na camain a thoirt a-mach! Choisinn Iain cuideachd duais MBE airson na rinn e airson camanachd.

Bha camanachd san fhuil air gach taobh dhen teaghlach. Bhuineadh màthair Ragnail, Belle, dhan teaghlach Sellar a bha ainmeil ann an eachdraidh cluba Bhail' Ùr an t-Slèibh - na dlùth nàbannan agus na nàimhdean mòra aig Cinn a' Ghiùthsaidh.

Ach rinn athair cinnteach gum b' e Cinn a' Ghiùthsaidh a thaghadh a mhac. Chluich Ragnall a' chiad gheama aige ann an 1992 aig àm nuair a bha sgioba shònraichte aig Cinn a' Ghiùthsaidh. Bha iad cho math agus gun tug Leabhar Eachdraidh Guinness dhaibh urram mar an sgioba spòrs a b' fheàrr riamh às dèidh a dhol ceithir bliadhna gun gheama a chall.

Aig cridhe na sgioba sin bha Ragnall Ros. Cha robh duine sa gheama a chuireadh am ball dhan lion coltach ris. Sheall e sin ann an cuairt dheireannach Cupa na Camanachd 1997, a' cur sia tadhail an aghaidh Bhail' Ùr an t-Slèibh, geama a bhuannaich Cinn a' Ghiùthsaidh 12-1. Ann an seusan 2002/03 chuir Ragnall 94 tadhail sna farpaisean gu lèir. Chan fhacas a leithid riamh roimhe no bhon uair sin. 'S beag an t-iongnadh gun deach am far-ainm, 'Ronaldo of the Glens' a thoirt air, às dèidh a' chluicheadair ball-coise Bhrasilianaich ainmeil.

Choisinn Ragnall a h-uile duais anns a' gheama, nam measg dusan bonn airson Cupa na Camanachd a ghleidheadh. Bha pàirt chudromach aige cuideachd ann a bhith a' brosnachadh chluicheadairean gus clogaidean a chleachdadh airson an cinn a dhion. Tha Ragnall Ros a-nis na Oifigear Leasachaidh airson Comann na Camanachd agus 's e cuideachd manaidsear sgioba nàiseanta nam fear.

RAGHNALL ROS

CAIBIDEIL

15



1. Dè rinn Ragnall Ros do sgioba iomain Chinn a' Ghiùthsaidh a choisinn cliù sònraichte dha sa gheama?
2. Thoir seachad dà adhbhar a thug air Ragnall iomain a thaghadh seach teanas.
3. Nam faiceadh Iain, athair Raghnaill, clann a' cluiche ball-coise san raon-chluiche, dè dhèanadh e?
4. Minich carson a bha 1992 na bliadhna air leth soirbheachail do sgioba Chinn a' Ghiùthsaidh.
5. A bharrachd air a h-uile duais a b' urrainn dha a chosnadh fhaighinn, dè am brosnachadh cudromach a thug Ragnall do chluicheadairean òga?

A bheil cuideigin san teaghlach, no san sgoil, agadsa (no cuideigin ann an club anns a bheil thu an sàs) a bhios gad bhrosnachadh?

Sgrìobh mu dheidhinn carson a tha an duine sin cudromach dhut.

A bheil nàimhdeas eadar am baile/sgìre agadsa agus baile/sgìre sam bith eile? Carson?

Dèan rannsachadh air an nàimhdeas sin **NO** air nàimhdeas a tha eadar sgiobaidhean spòrs ainmeil leithid:

- Bail' Ùr an t-Sleibh agus Cinn a' Ghiùthsaidh (iomain) **no**
- Lòbhat agus a' Mhanachainn (iomain) **no**
- Rangers agus Celtic (ball-coise) **no**
- Sasainn agus Alba (rugbaidh) **no**
- Sasainn agus Astràilia (criogaid)

